

Naomh Anndrais

Ar Naomh Nàiseanta




Amas

- 'S urrainn dhomh mìneachadh cò bh' ann an Naomh Anndrais.

Slatan-tomhais soirbheachaidh

- Le bhith ag ionnsachadh mu dhèidhinn beatha is dèanadas ìosa is priomh-thosgairean Chrìosdайдheachd, tha tuilleadh eòlais is tuigse nas fharsaing agam air creideamh Chrìosdайдheachd. RME 2-01b

Naomh Anndrais - Ar Naomh Nàiseanta



Naomh Anndrais - Ar Naomh Nàiseanta

- 'S e Naomh Anndra naomh nàiseanta na h-Alba is nithear fèille air 30mh na Samhna.
- Bha e na iasgair ann an Galile mus do chuir e fhèin is a bhràthair Sìm romhpa a bhith a' leantainn ìosa.
- Chaidh Anndrais a mharbhadh airson a chuid creideimh sa Ghrèig leis na Ròmanaich. Chaidh e a cheusadh air crann le cruth X, oir thathar ag ràdh nach robh e an dùil gu bu chòir dha eugadh san aon dòigh a dh'eug ìosa.
- Ceudan de bhlaiddnaichean às dèidh dha eugadh, chaidh a chorp a thoirt gu Cathair Chonstantìn, is an uairsin, gu Amalfi san Eadait, far a bheil iad fhathast san latha an-diugh.


- Fhuair am manach Greugach, Naomh Regulus, òrdaugh ann an aisling, cnàmhan Anndrais, mar thaisean, a thoirt gu crìoch an t-saoghail, gus an cumail dòn.
- Thug e air ann an long a chaidh fodha faisg air cladach na h-Alba an Ear, air a bheil Cill Rìmhinn. Sa Bheurla 's e St. Andrews an t-ainm a th' air.




- Sa bhliadhna 832 AD, thathar ag ràdh gun do nochd Nam Anndrais ann an aisling a fhuair rìgh Cruithneach, air an oidhche ro bhlàr.
- Air latha a' bhlàir fhèin, nochd crois ann an cruth X san adhar os cionn a' bhlàir is bha na Crutihnic buadhmhor.
- 'S a' chrois seo, no Crann na h-Alba, a chaidh a chleachdadadh bho shin a-mach mar bhratach nàiseanta nan Albannach.



- Chaidh Anndrais ainmeachadh mar naomh nàiseanta na h-Alba son a' chiad uair ann am Foирgheall Obar Bhrothaig.
- B' e iarrtas don Phàp bhon Rìgh Raibeart Brus is uaislean na h-Alba, a dh'inns dha gun robh iad airson sìth a thoirt air an dùthach, gun a bhith an eisimeil Shasainn.
- San làmh-sgrìobhainn, leughar gur e Anndrais 'ar pàtran is ar neach-dòn'.



- Ann an 1318, chaidh crìoch a chur air cathar-eaglais Chill Rìmhinn. B' i an eaglais as mothà ann an Alba, ron Ath-leasachadh. Chaidh taisean Anndrais a mhilleadh san 16mh linn, aig àm an Ath-leasachaidh Abannaich.
- Ann an 1879 thug Easbaig Amalfi tiòdhlac cnàmh gualann Anndrais do Chathar-eaglais na Moire ann an Dùn Èideann. Thug am Pàp Pòl VI taisean a bharrachd do dh'Alba ann an 1969.



- Leis gun robh taisean cnàmhán Anndrais ann an Alba, bha làrach Chill Rìmhinn na ainmeil airson taistealachd creidich Chrìosdaidheachd.

- A thuilleadh air a bhith na naomh nàiseanta ann an Alba, nithear moladh air Anndrais mar phàtran an am Barbados, Sisilidh, Cìopras, is Romàinia is anns a' Ghrèig, an Ruis is an Ucràin.
- Tha na tha air fhàgail den chrann air a cheusadh Anndrais ga chumail sa chathair-eaglais ann am Patras, sa Ghrèig, far an robh e na easbaig ann.
- Tha Anndrais na phàtran-naomh do dh'iasgairean, ceannaichean-èisg is ròpadairean.





twinkl